

An Comunn Gàidhealach



ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

An t-Ògmhios 2016 / June 2016

Teachdaireachd bho Joy Dunlop

Thar na mìos a dh'fhalbh, tha a' ghrian air a bhith a' sgoltadh nan creag: a' cur àm nam Mòdan Ionadail air chois ann an dreach nas blàithe nan àbhaist! Chan e ràith furasta a tha seo do dh'fharpaisich a' Mhòid leis gum faodadh a' chiad nochdadh a bhith na shoirbheas glan, no na mhasladh air beulaibh a' mhòr-shluaigh.

Mar stùiriche chòisir, tha na Mòdan Ionadail riatanach gus adhartas na còisir a thomhas. 'S e sgioba a th' annain, le pàirt bhunaiteach aig gach duine a dhearbhas gun ruigear deireadh an òrain gun strì no tubaist. Chaill a' còisir fhìn dithis ghaisgeach am bliadhna – an Doctair Niall MacDhòmhnaill à Tairbeart Loch Fìn agus Dòmhnall Macalister Hall à Càradal – agus bha a' bhuil oirnn aig àm a' Mhòid Ionadail gu h-àraid.

Tha faireachdainn àraid an cois a' chiad turas a sheinneas tu òrain ùra a' Mhòid – measgachadh de mhisneachd, oillt agus dearg eagal – 's tu feuchainn ri facail 's fuinn nan òran a libhrigeadh gu snasail 's brìghmhòr... no fiù 's san òrdugh cheart. Ged nach e seinn choileanta, ealanta a bhios agad mar as àbhaist, chan urrainn dhuinn ach aideachadh cho feumail 's a tha na farpaisean tràtha sin.

'S mar sin, ged a chluinnear mu stiùirichean bochda a' dol às an ciall mionaidean ron fharpais*, 's ann nuair a tha a h-uile rud seachad (agus beachdan nam brìtheamh a sgrùdadh) a chìthear adhartas dha-rìribh. Tha Mòdan Ionadail nan ceuman deatamach air ar slighean ionnsachaidh agus tha mi fada an comain nan daoine dealasach a dh'obraicheas gu dìcheallach gus an cothrom seo a thoirt dhuinn.

* Chan urrainnear dearbhadh gur e no nach e mi fhìn a bha seo aig Mòd Ionadail an Òbain.



A Message from Joy Dunlop

Over this last month, the sun has been splitting the trees: kicking off Provincial Mòd season in positively Mediterranean style. This time of year is particularly fraught for Mòd participants, as your first competition can either be a resounding success or a harsh reminder of how much work is still to be done.

It's as a choral conductor that I find an early Provincial Mòd appearance most important. A Gaelic choir is like a team, with everyone playing their own, unique part and singing from start to finish with no major disasters truly is a group effort. Sadly this year, my own choir lost two of its stalwarts – Dr. Neil Macdonald, Tarbert and Donald Macalister Hall, Carradale – and we feel this loss at every practice, particularly in the run up to our Provincial Mòd.

That distinctive feeling before the first outing of new songs is a heady mixture of adrenaline, excitement and sheer terror, as everyone tries their hardest to remember both words and music – preferably in the right order! Although it tends to be a 'let's just try and get through this with no major disasters' type of performance, we all agree that it's an invaluable preparatory experience.

So even though there may be instances of weary conductors throwing their music on the ground, shouting 'no, no, NO!' in pre-performance despair; it's once this first obstacle has been passed and adjudications dissected, that the real progress begins. Provincial Mòds are imperative to the learning process and I am always grateful to the tireless volunteers who freely give their time to ensure that we have these opportunities.*

**I can neither confirm nor deny rumours that this was me, at the recent Oban local Mòd.*

An Comunn Gàidhealach

Oifis ùr ann an Steòrnabhagh

Tha oifis a' Chomuinn ann an Steòrnabhagh air ghluasad bho Ceàrnag Pheàrsabhail gu:

**Aonad 7A,
7 Sràid Sheumais,
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN**



An t-seann oifis deiseil airson a' gluasad

The old office packed up and ready for the move

New Office in Stornoway

An Comunn Gàidhealach's Stornoway office has relocated from Perceval Square to:

**Unit 7A,
7 James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN**



An oifis ùr againn air Sràid Sheumais

Our new office on James Street

Luchd-obrach Ùra

Tha sinn airson fàilte chridheil a chuir air Doileag NicLeòid a bhios ag obair ann an oifis a' Chomuinn ann an Steòrnabhagh gus àm a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail air iosad bho Chomhairle nan Eilean Siar. Tha Doileag air a bhith gu mòr an sàs ann am Mòdan thairis air na bliadhnaichean agus tha i na ball air Comataidh Ionadail Mòd nan Eilean Siar.

Cuideachd, tha sinn airson fàilte chridheil a chuir air Amy NicAmhlaigh. Tha Amy na h-oileanach aig Sabhal Mòr Ostaig far a bheil i air an Cùrsa Comais a chrìochnachadh am bliadhna. Bidh Amy còmhla rinn san oifis airson 10 seachdainn mar pàirt de sgeama greis-gnìomhachais airson oileanaich Gàidhlig. Tha sinn an dòchas gun còrd an tìde aig a' Chomunn Gàidhealach rithe.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla ri Doileag agus Amy thairis na mìosan a tha romhainn.

New Staff

We would like to welcome Dolina Macleod to the Stornoway office. Dolina is on secondment from Comhairle nan Eilean Siar in the run up to the Royal National Mod. Dolina is a member of Mòd nan Eilean Siar's Local Committee and has been involved in numerous Mods over the years.

We would also like to welcome Amy MacAulay to our Stornoway office. Amy is a student at Sabhal Mòr Ostaig and has just completed the Cùrsa Comais there. Amy will be in the office for 10 weeks over the summer as part of a work placement scheme for Gaelic students and we hope that she enjoys her time with us at An Comunn Gàidhealach.

We look forward to working with both Dolina and Amy over the coming months.

An Comunn Gàidhealach

Lòn na Banrigh

Fhuair Seònaid NicDhòmhnaill, Stiùiriche a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail, cothrom a dhol a Lunnainn gu lòn a chaidh a chumail airson co-la-breith, 90mh, na Banrìghe a chomharrachadh. A dh'aindeon na droch aimsir, chòrd an latha gu mòr ri Seònaid.

Seo agaibh dealbh no dha bhon latha. Tha an dealbh air an làimh chlì aig bonn na duilleig a' sealltainn bratach A' Chomuinn Ghàidhealaich.

Patron's Lunch

Janet MacDonald, Director of the Royal National Mod, got the opportunity to attend the Patron's Lunch in London as part of the Her Majesty's 90th Birthday celebrations. Despite the weather, Janet had a lovely afternoon.

Here are a few photos of Janet's trip. The bottom left picture shows a flag with An Comunn Gàidhealach on it (The Highland Association).



An Comunn Gàidhealach

CINN-LATHA

Tha an ceann-latha airson iarrtasan òrain agus ceòl airson an roghainn fhèin a bhith a-staigh a-nis seachad. Thairis air na mìosan a tha romhainn, bidh luchd-obrach A' Chomuinn Ghàidhealaich a' dol tro na pìosan agaibh gu lèir agus cuiridh sinn fios thugaibh ma tha duilgheadasan sam bith ann a thaobh an iarrtas agaibh.

Tha sinn an dòchas gun do chòrd an siostam air loidhne againn ribh agus bhiodh sinn taingeil airson beachdan sam bith a tha agaibh mu dheidinn. Leis na beachdan agaibh, 's urrainn dhuinn ùrachadh a dhèanamh thairis air na bliadhnaichean a tha romhainn.

Bithibh mothchail gur ann air 8mh Iuchar a tha ceann-latha iarrtasan agus ceòl nam pìobairean.

DEADLINES

The deadline for entering this year's Royal National Mod and submitting own choice music is now past.

Over the summer months, staff at An Comunn Gàidhealach will be checking submissions and entrants will be contacted if any problems with entries or own choice submissions arise.

We hope that you found this year's online entry system helpful and we would be grateful to receive any feedback that you have so that we can further develop and improve the system over the coming years.

Please note: Piping competitors have a deadline of 8th July for entries and music submissions.

CEANN-LATHA AIRSON DUaisean A THILLEADH

Dèanaibh cinnteach gun till sibh duaisean a' Mhòid ron cheann latha ceart, gus an dèan sinn cinnteach gu bheil iad uile againn agus gu bheil iad ann an staid reusanta.

Tha fios againn gu bheil e gu math furasta dìchuimhneachadh an tilleadh ron cheann-latha uaireanan, nuair a tha sibh trang. Feuch gun cùm sibh ri riaghailtean a thaobh tilleadh nan duaisean. Chan e a-mhàin gu bheil iad gu math prìseil a thaobh airgid, ach tha iad air leth prìseil don fheadhainn a tha air an toirt seachad dhuinn, gu h-àraidh ma tha iad air an toirt dhuinn mar chuimhneachan prìseil. Tha e cuideachd gu math tàmailteach do dh'fharpaisich a bhuannaicheas duais am bliadhna, mur a bheil duais againn airson a thoirt dhaibh.

Gach bliadhna tha an duilgheadas seo againn, agus ged a bhios sinn a' dèanamh ar dìcheall rim faighinn air ais, uaireanan cha bhith iad a' tilleadh thugainn idir.

Bhiodh sinn gu mòr nur comain nan coimheadadh sibh as dèidh na duaisean, oir tha sibh air obrachadh cruaidh airson am faighinn 's a' chiad àite, agus tillibh thugainn iad ann an ùine, gus am bidh an aon chothrom aig farpaisich eile na duaisean fhaighinn cuideachd.

**Ceann-latha airson duaisean a' Mhòid
Nàiseanta Rìoghail a thilleadh:
1mh An Lunastal 2016**

TROPHY DEADLINE REMINDER

Please ensure that you return trophies by the due date so that they can be accounted for and so that we can be sure that they are in good condition.

It can be very easy to forget to return your trophy in time, we do understand that. But please do try to adhere to the rules regarding the return of trophies. Not only are they worth a lot of money, but they are very sentimental to those who have donated them, particularly if they are donated in memory of a loved one. It also causes disappointment to competitors who win a competition at a Mod and there is no trophy to present to them, as it has not been returned to the office.

Each year we do have this problem, and we do try to chase them up. Unfortunately some of these trophies are never returned.

We kindly ask that you look after the trophies that you have worked so hard to win. Return them to us in good time, so that the next competitor can receive and enjoy them.

**Royal National Mòd trophy deadline:
1st August 2016**

An Comunn Gàidhealach

Dreach Clàr-ama Mòd nan Eilean Siar

Tha dreach de laithean is amannan airson farpaisean Mòd nan Eilean Siar rim faotainn bhon larch-lìn againn.

Bithibh mothachail gur e dreach a th' ann agus gum b' urrainn na laithean agus na h-amannan atharrachadh.

Cumaibh siùl air an làrach-lìn againn no Facebook airson atharraichidhean sam bith.

Draft Western Isles Mod Timetable

A draft copy of the dates and times for Mod nan Eilean Siar competitions is now available from our website

Please note that these times are liable to change and can only be used as a rough guide at this stage.

Keep an eye out on our website and Facebook for any changes

[http://www.ancomunn.co.uk/images/uploads/Copy of Draft Mod 2016 Program \(003\).pdf](http://www.ancomunn.co.uk/images/uploads/Copy of Draft Mod 2016 Program (003).pdf)

Seirbheis-Bidhe a' Mhòd

Bithear a' toirt seachad Seirbheis-Bidhe aig Mòd nan Eilean Siar bho Ionad-bidhe Sgoil 'Ic Neacail, Steòrnabhagh rè seachdain a' Mhòid. Gheibhear dìnnear, biadh teth, blasad-bidhe, tì/cofaidh agus bèicearachd-dachaigh gach latha dhen Mhòd bho 10m-4f. Bithidh lòn ri fhaighinn aig Oifisean Chomhairle nan Eilean Siar cuideachd, le bhith ag òrdachadh ro-làimh.

Ma tha an còisir agaibh airson biadh fhasdadh aig amannan sònraichte tron t-seachdain, faodar fios a chur gu Louise Laing, post-d: louise.laing@cne-siar.gov.uk neo fòn: 01851 822 733, ro-làimh.

Thèid clàr-bidh a chuairteachadh gu buidhnean sam bith aig a bheil ùidh.

Mod Catering

A catering service will be provided at Mòd nan Eilean Siar in the dining hall of the Nicolson Institute, Stornoway, throughout Mòd week. Meals, hot food, snacks, teas/coffees and home baking will be offered on each day of the Mòd from 10am-4pm. Pre-orders for lunches can also be taken from the Comhairle nan Eilean Siar offices.

If your choir wish to pre-book any catering or meals for large groups for specific times during Mod week, you may do this by contacting Louise Laing, e-mail: louise.laing@cne-siar.gov.uk or phone: 01851 822 733.

A menu will be circulated to any interested parties.

Sgeama Measaidh nan Cairtean Gàidhlig

Faodar iarrtas a chur gu An Comunn Gàidhealach gus measadh a dhèanamh aig àm sam bith den bhliadhna 's bidh measaidhean rim faotainn, mar as àbhaist, seachdain a' Mhòid fhèin ann an Steòrnabhagh.

Cha bhi measaidhean rim faotainn anns an t-Sultain geta, leis gu bheil e cho faisg air àm a' Mhòid.

Ma tha ceist sam bith agaibh a thaobh nam measaidhean cuiribh fios gu An Comunn Gàidhealach tro mheadhain post-dealain gu seonag@ancomunn.co.uk neo cuiribh fòn gu: 01463 709 705

Gaelic Testing

You can apply to An Comunn Gàidhealach to do your Gaelic assessment at any time of the year. Gaelic assessments will also be available during the week of the Mod in Stornoway, as usual.

Assessments will not be available, however, during September as it is so close to the Royal National Mod.

If you have any questions regarding Gaelic testing or would like to book a slot, email seonag@ancomunn.co.uk or phone:

01463 709 705

An Comunn Gàidhealach

Atharrachaidhean air Earranan Ainmichte 2016 / *Changes to Prescribed Pieces*

Tha earrainnean ainmichte rin ceannach air làrach-lìn a' Chomuinn no faodar na leabhraichean a cheannach anns na h-oifisean againn

The prescribed pieces for Mòd nan Eilean Siar are available to buy via our website or you can buy hard copies from one of our offices.

Chìthear atharrachaidhean ri Earrainnean na bliadhna seo gu h-ìosal.

You can view changes and amendments to this year's prescribed pieces below.

Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn gun fhios nach bidh fiosrachadh eile ann a thaobh na h-earrainnean ainmichte.

Keep an eye on our website for any further information regarding the prescribed pieces.

If you have any queries, please do not hesitate to contact Màiri MacLeod at mairi@ancomunn.co.uk

C03

The instructions at the bottom of this page should now read: **Seinnear an t-seist iomlan aig an toiseach a-mhain. As deidh Rann 6, seinnear an t-seist bho Bar 2.**

(The full chorus is sung at the beginning only. After Verse 6, the chorus is sung from Bar 2)

C71 Fuillaigean

Verse 2 - **neo-chumanta** changed to **neo-chumant'**

C72

Page 7 - Bar 21, at the beginning of the lyrics for the verses, **2. 3. 4.** should be **2. 3. 6.**

Page 8 - **Sèist 5** should read **Sèist 5 & 6**

C96 Eilean Leòdhais, tìr nan gaisgeach

Bar 5 - sol fa **ba** should be **fi**

C174

This piece has been changed to '**S cian bho dh'fhàg mi Leòdhas**. Please feel free to use **Seinn ho-ro seinn**, published in the booklet, as your own choice. Please contact the office on 01463 709 705 for the new music.

A300 Loch na h-Òb

The amended version is now available, please contact the office on 01463 709 705.

A306

Bar 23 Sopranos - first note should be a D instead of the F

A301 Tionndaidh am bàt

Bar 19 - alto - words should read the same as the basses

Bar 21 - bass - add a tie to connect the Gs across the barline

Bar 35 - sops & bass - add a slur to connect C-D on fiamh

" - bass - add a slur to connect Eb-D on ghnùis

Bar 45 - words should read the same as the basses

A303 Le Chèile

Bar 30 - alto - should be the same as bar 38

Bar 70 - in all parts - change **phrìseil** to **prìseil**

Bar 78 - in all parts - change **geamhradh** to **geamhraidh**

A308 Maoileas Mòr na Guailne

Bars 2, 6, 18 & 22 - in all parts - change **null** to **nall**

Bars 9, 11, 13, 15, 25, 27, 29 & 31 - in all parts - change **Lachdan** to **Lachdann**

Bars 12 (tenor), 16 (tenor), 28 (sops) & 32 (sops) - melody parts **ONLY** - first semi-quaver should be a **G#** rather than an **E#**

A308 Inns Dhòmhsa

Bar 42, 46, 58 & 62 - bass - 3rd beat semi-quaver should be a **low B** rather than an **F#**

An Comunn Gàidhealach

Mòdan Ionadail 2016 / Provincial Mods 2016

Muile / Mull

9 – 10 Sultain / September

Barraigh/ Barra

23 - 24 Sultain/ September

Mòd Ionadach na Dreolluinn

Tha foirmean agus clàr farpaisean Mòd Ionadach na Dreolluinn air an làrach-lìn aca.

www.mullmod.org.uk

Cuideachd, bidh e comasach do dhaoine measadh Gàidhlig a dhèanamh aig a' Mhòid air an 10mh là den t-Sultain

Cuir fios gu enquiries@mullmod.org.uk ma tha sibh airson seo a chuir air dòigh

Mull Provincial Mod

The Syllabus and entry forms for the Mull Provincial Mod are available on their website

www.mullmod.org.uk


Gaelic testing will also be available at the Mod on the 10th of September

Please contact enquiries@mullmod.org.uk to arrange this

Tha a' mhòr chuid de na Mòdan Ionadail a-nis seachad
Tha sinn an dòchas gun do chòrd iad ris a h-uile duine
a bha a' gabhail pàirt

A large majority of this year's local Mods have now taken place.

We hope that all those taking part enjoyed themselves.



An Comunn Gàidhealach

Mòd Ìle | Islay Mod

Bha a' ghrian a' dearrsadh air Mòd Ìle a chaidh a chumail air 4mh den Ògmhios. Ged nach robh còisirean againn bhon tìr-mhòr, thàinig farpaisich aon-neach bho air feadh na h-Alba airson pàirt a ghabhail aig an tachartas bhliadhnail seo ann an Ìle.

Chuala sinn mu cho toilichte 's a bha na brìtheamhean leis an ùidh a tha aig muinntir Ìle ann an cùltar na Gàidhlig agus ceòl traidiseanta.

Thug a' chuirme-chiùil, a-chaidh a chumail oidhche Shathairne, cothrom dhan a h-uile duine cluinntinn luchd-buannachaidh bhon latha. Dh'fhuirich luchd-turais latha eile air an Eilean airson an tàlant a chluinntinn!

Tha Comataidh Meur Ìle airson taing a thoirt dhan a h-uile duine a chuidich aig a' Mhòd. Cuideachd, tha sinn airson taing mhòr a thoirt dha luchd-taic a' Mhòid, na brìtheamhan, cathraichean, stiùbhardan agus sgioba bìdhe Eaglais Naomh Èoin.

Bu mhath leinn taing a thoirt dha na farpaiseach gu lèir agus dhan luchd-teagaisg aca airson an obair chruaidh a rinn iad agus gur math thèid leibh aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail anns na h-Eileanan an Iar am bliadhna.

Suas leis a' Ghàidhlig.

The sun shone on Saturday 4th June for Mòd Ìle 2016. Although this year we did not have any visiting choirs from the mainland competing at the Mòd, individual competitors from all over Scotland travelled to take part in Islay's annual event.

Spectators and adjudicators alike commented on the thriving interest in Gaelic culture and traditional music on the island.

The concert on the Saturday evening gave all who attended an opportunity to hear the prize winners from earlier in the day. Some visitors to the island even stayed for an extra night just to hear the talent on display!

The An Comunn Gàidhealach Meur Ìle Committee would like to thank all the people who helped to make this year's Mòd such a success. A heartfelt thanks must go to all the Mòd sponsors, the adjudicators, competition chairs, door stewards, office staff, tea ladies, the St John's Church catering team.

We would also like to thank all the competitors and their tutors for all their hard work and we would like to wish them all the best as they travel to the Royal National Mòd in the Western Isles later this year.

Suas leis a' Ghàidhlig.



An Comunn Gàidhealach

Mòd Chille Bhrìghde an Ear | East Kilbride Provincial Mod

Chaidh Mòd soirbheachail eile a chumail an Cille Bhrìghde an Ear aig Bun Sgoil Beinn Chamshroin Dihaoine agus Disathairne 3mh/4mh Ògmhios– agus abair gun robh latha brèagha ann.

Ghabh 85 duine cloinne pàirt ann an sreath de dh'fharpaisean rosg feasgar Dihaoine agus bha 79 clann a' gabhail pàirt ann an farpaisean aon-neach Disathairne.

Sheinn Còisir Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, Còisir Òg An Eaglais Bhreac agus Còisir Ghàidhlig Bun Sgoil Onthank ann am farpaisean còisir madainn Disathairne. B' e seo a' chiad Mòd airson Bun Sgoil Onthank agus tha sinn airson meal an naidheachd a chur orra airson an oidhirp a rinn iad.

Chaidh Farpais Seinn Aon-neach (Inblich) a chosnadh le Eilidh Laing agus thug Linda Fabiana, BPA, seachad an duais dhith.

Aig deireadh an latha Disathairne, chaidh cuach a thoirt dha Iain agus Kathleen Mhoireach airson a bhith an sàs ann an Meur ACG Cille Bhrìghde an Ear agus Mòd Ionadail Chille Bhrìghde an Ear airson 33 bliadhna.

Tha sinn airson taing a thoirt dha Catherine NicDhòmhnaill, Rùnaire a' Mhòid airson an obair chruaidh a rinn i ag ullachadh airson a' Mhòid agus dha Kirsten NicGilleFhaoilain airson am bùth bidhe a ruith. Taing mhòr dhan luchd-cuideachaidh eile agus dha na brìtheamhan.

Another very successful East Kilbride Mod took place at Mount Cameron Primary School, East Kilbride on Friday and Saturday 3rd/4th June 2016 in glorious sunshine.

Friday evening saw 85 children take part in various age grouped Prose Recitation competitions, whilst on Saturday, 79 took part in solo singing competitions.

Glasgow Gaelic School Choir, Falkirk Junior Gaelic choir and Onthank Primary School Gaelic Choir competed in the choral competitions, also on Saturday Morning. This was a first Mod outing for Onthank Priamry School who are to be congratulated on their efforts and encouraged for future participation.

The Senior solo singing competition was won by Eilidh Laing with Linda Fabiani MSP, presenting the Prize.

At the end of Saturday proceedings, Iain and Kathleen Murray were presented with an engraved quaich in appreciation of 33 years loyal service to the East Kilbride ACG Branch and Mod.

Thanks are particularly due to Catherine Macdonald, Mod Secretary for all her work building up to the event, and to Kirsten Maclellan who provided for and managed the tuck shop. Thanks are also due to all the other helpers and the adjudicators.



An Comunn Gàidhealach

Mòd Shruighlea | Stirling Provincial

Bha Mòd Shruighlea – a chaidh a chumail Dihaoine 20 agus Disathairne 21 Cèitean – tlachdmhòr agus trang le farpaisich.

Chaidh tòrr dhaoine gu Farpais nam pìobaireachd feasgar Dihaoine, fiù 's leis gun robh tachartas pìobaireachd mhòr ann air an aon latha. Mòran taing dhan a h-uile duine a bha a' cuideachadh - 's e farpais air leth trang a th' ann ach tha sinn gu math fortanach airson a bhith a' faighinn taic bho na pìobairean òg agus na teaghlaichean aca.

Bha briseadh-dùil againn le àireamh ìosal nan iarrtasan a thàinig a-steach airson farpaisean clàrsaich. Ma tha ùidh aig duine sam bith ann an seo, nach cuir sibh fios thugainn.

Bha àireamh de dh'farpaisich aig farpaisean beul-aithris agus seinn gu math làidir Disathairne. Bha sinn toilichte gu h-àraid a thoirt duais ùr dhan a' Mhòd am bliadhna – Geall-dùbhlain Cuimhneachan Sìne Ghreumach. 'S e Còisir Bun Sgoil Doune a bhuannaich e am bliadhna. Tha an còisir an còmhnaidh làn dealas agus modhail. Tha iad airidh air an duais, a bhios air a thoirt seachad mar cuimhne air Sìne Greumach dha farpaisich a bhios air sàr-ghnìomh a choileanadh aig a' Mhòd.

'S e traidisean Mòd Shruighlea a th' anns na còisirean mòra a bhith a' seinn a-muigh a-nis agus bha seo gu math tarraingeach dha luchd-amharc.

Anns na farpaisean inbhich, fhuair Còisir Obair Pheallaidh an duais airson seinn chòisir agus fhuair Còisir Shruighlea na Puirt agus farpaisean boireanaich no fir.

A-rithist, taing mhòr dhan a h-uile duine a bhios ag obair gu saor-thoileach airson Mòd a chur air dòigh agus tha sinn an dòchas gum faic sinn an-ath-bhliadhna sibh!

Stirling Provincial Mod - held this year on Friday, May 20 and Saturday, May 21 - was enjoyable and busy with healthy entries.

The piping competition on the Friday evening was well attended, despite the date clashing with a major piping event. Many thanks to all who helped with stewarding on the evening - it is extremely busy but the support we get from the young pipers and their families speaks for itself.

We were disappointed in the low entries for the clarsach competitions, so if anyone is interested in this, keep in touch so we know the demand is there in the future.

On the Saturday, the junior oral and vocal competitions had very healthy entries and a very high standard. We were particularly pleased to introduce a new trophy to the Mod this year - the Jean Graham Memorial Trophy. It was won in its inaugural year by the choir of Doune Primary School, who are always wonderful competitors, full of enthusiasm and extremely well behaved. They were very worthy winners of the award, which will be given in Jean Graham's memory to a competitor who makes an exceptional contribution to the Mod.

The massed choirs outside at the bandstand has become a firm Mod Shruighlea tradition and attracted many onlookers who admired the singing.

In the senior event, Aberfeldy Choir won the choral singing competition, while Stirling Choir won the puirt and ladies or mens' voices competitions.

Once again, thank you to all the volunteers who make it happen and we hope to see you all next year!




An Comunn Gàidhealach

Mòd Ionadail Inbhir Nis | Inverness Provincial Mod

Chaidh Mòd soirbheachail elie a chumail ann an Inbhir Nis air 17mh agus 18mh Ògmhios ann an Cuairt Eden. Tha sinn an dòchas gun do chòrd am Mòd ris a h-uile duine agus bu math leinn taing a thoirt dhan h-uile duine a bha cuideachadh thairis air an deireadh sheachdain.

Another successful Inverness Provincial Mod took place on the 17th and 18th of June in Eden Court. We hope that everyone enjoyed the Mod and we would like to thank everyone that took part in competing and helping out throughout the weekend.



An Comunn Gàidhealach

Care for a Cèilidh

Chìthear gu h-ìosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a chaidh a chumail le
Care for a Cèilidh. Taing mhòr dhuibh uile.

Below are a selection of photographs taken at the most recent Care for a Cèilidh events. Thanks to everyone who took part.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>



An Comunn Gàidhealach

Dundee Gaelic Musical Association

Còisir Gàidhlig Dhun Dè

Tha sinn a' sireadh stiùiriche-ciùil a bheir air adhart an còisir gàsta agus dìleas seo. Tha an còisir as aonais stiùiriche-ciùil, bho thàinig air an stiùiriche mu dheireadh falbh airson adhbharan pearsanta.

'S e Còisir aosmhor le eachdraidh phriseil a tha air a bhith soirbheachail thairis air na bliadhnaichean a th' annainn agus tha sinn an dòchas gu soirbhich leinn anns an àm ri teachd cuideachd. Tha sinn airson a bhith ag ionnsachadh òrain ùr agus a' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an iomadh àite thairis air an dùthaich air fad.

Chan fheum sibh bhith fileanta anns a' Ghàidhlig ach bhiodh e na chuideachadh nam biodh sibh fileanta.

Bidh sinn a' coinneachadh gach oidhche Luain (7.15f gu 9.00f) ann an eaglais Naomh Moire Magdalene, Rathad Corran Dudhope, Dùn Deagh, DD1 5RR

Tha sinn càirdeil agus tha sinn a' lorg neach a tha làn spòrs agus dibhearsan, airson cuideachadh agus stiùir a thoirt dhuinn le bhith ag ionnsachadh seinn anns a' Ghàidhlig.



We are currently seeking a conductor to take on this lovely and dedicated group of singers after our previous conductor had to leave due to personal commitments.

We have a long history and have had much success at competitions over the years and would love to continue doing this, as well as learning new pieces and performing at other venues/events.

Knowledge of Gaelic is not necessary but would be helpful.

We rehearse on Monday evenings (7.15pm to 9.00pm) at St Mary Magdalene's Church, Dudhope Crescent Road, Dundee DD1 5RR.

We are a friendly bunch and would like someone to lead us who could make our rehearsals fun, as we have always had a lot of laughs along the way to learning our competition pieces.

Email/ **Post-dealain:** (President/ **Ceann-suidhe**)feldylass@aol.com/
(**Secretary/ Rùnaire**)anne_bennett67@hotmail.co.uk

or contact President/ **nach cuir sibh fios gu Ceann-suidhe na Còisir** – Sandie Kennedy 07990 962370/01334 871542

An Comunn Gàidhealach

Meur Inbhir Nis Feasgar Pamper

Seo agaibh dealbhan bho Feasgar Pamper a chaidh a chumail ann an Inbhir Nis airson airgead a thogail dha Mòd Ionadail Inbhir Nis.

Bhathas a' dèanamh ìnean, maise-gnùis, massages agus a' toirt comhairle fasain. Tha sinn an dòchas gun do chòrd an oidhche ribh.

Bu mhath leis a' Chomataidh taing a thoirt dha Zara aig *Pretty Women* airson luchd-obrach a chuir air dòigh airson an tachartas.

Inverness Branch Fundraising Pamper Night

Here are a few photos from the Pamper Night that was held in Inverness this month to raise money for the Inverness Provincial Mod.

We hope that everybody had a lovely time getting their nails, eyebrows and make-up done; massages and colour coordination advice from the range of therapists that were there.

The Committee would like to thank Zara at Pretty Women for organising all of the therapists for the event.



Comunn Gàidhlig Inbhir Nis
Òraid Ghàidhlig
Bàird Bhatarnais
le
Ailean Dòmhnallach

Dihaoine, 2 an t-Sultain, 7.30f

Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Fàilte dhuibh uile



Comunn Gàidhlig Inbhir Nis
Gaelic Talk
Bàird Bhatarnais
by
Allan Macdonald, Staffin.

Friday, 2nd. September & 7.30pm

Inverness Gaelic School

All welcome

An Comunn Gàidhealach



Duaisean Foghlam na h-Alba

Mealaibh ur naidheachd dhan a h-uile duine a bha an sàs ann an Duaisean Foghlam na h-Alba ann an Glaschu san Ògmhios.

Thòisich Duaisean Foghlam na h-Alba ann an 2001 le taic bho Riaghaltas na h-Alba agus Scottish Daily Record. 'S e a bhith a' brosnachadh soirbheis Siostam Foghlam na h-Alba prìomh amas nan Duaisean.

Faodaidh sgoiltean poblach aig ìre àrd-sgoil, bun-sgoil, sgoil-àraich agus sgoiltean sònraichte cuir a-steach airson na Duaisean. Tha sreath farsaing de chuspairean ann a tha ceangailte ris a'

Churraicealam airson Sàr-mhathais agus a tha a' toirt aire gu obair agus dealas nan tidsearan agus luchd-obrach.

Am bliadhna, fhuair Sgoil Abercorn, Glaschu, Duais Foghlam na Gàidhlig. Meal an naidheachd orrasan agus air Sgoil an Iochdair/Sgoil Dhalabroig is Bun Sgoil Chnoc a' Chonaisg a bha air a' gheàrr-liosta airson na Duaisean.

Gheibhear liosta làn den luchd-buannachaidh air làrach-lìn Duaisean Foghlam na h-Alba:

<http://www.scottisheducationawards.org.uk/winners2016.asp>

Scottish Education Awards

Congratulations to everybody that was involved in the Scottish Education Awards in Glasgow in June.

The Scottish Education Awards were first launched in 2001 by the Scottish Government and the Scottish Daily Record, with the specific aims of celebrating the successes and recognising the achievements taking place within Scottish education.

Entry to the Awards is open to all publicly funded schools, including secondary, primary, nursery and special schools. There is a wide variety of categories to enter which are linked to the Curriculum for Excellence Programme and that also recognise the dedication and commitment of teaching staff and education supporters.

This year's Gaelic Education Award winners were Abercorn School, Glasgow. Many congratulations to them and to Sgoil an Iochdair/Sgoil Dhalabroig and Bun Sgoil Chnoc a' Chonaisg who were shortlisted for the award.

For the full list of finalists and winners, visit the Scottish Education Awards website:

<http://www.scottisheducationawards.org.uk/winners2016.asp>

An Comunn Gàidhealach

Plana Gàidhlig Stòras Mara Cailleanach Eta

